

Comhairle na Gàidhealtachd


Sgrùdadh Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd

Ullaichte do Choimisean a' Chunntais

Giblean 2006



'S e buidheann reachdail a th' ann an [Sgrùdadh Alba](#) a chaidh a stèidheachadh sa Giblean 2000 fo Achd Ionmhas agus Cunntachalachd Poblach (Alba) 2000. Tha e a' solarachadh sheirbheisean do Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus Coimisean a' Chunntais. Còmhla tha iad a' dèanamh cinnteach gum bi Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean san earrann phoblach an Alba air an toirt gu dìoladh airson maoinean poblach a chleachdadh ann an dòigh iomchaidh, chomasach agus èifeachdach.



An Sgrùdadh Feabhas Luach

Thug Achd Riaghaltas Ionadail an Alba 2003 a-steach dleastanasan reachdail ùra co-cheangailte ri Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd. Tha raon Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd glè fharsaing ach sa chumantas bidh comhairle a tha soirbheachail:

- ag obair còmhla ri a com-pàirtichean gus seata phrìomh-amasan soilleir a chomharrachadh a bhios a' co-fhreagairt feuman na coimhearsnachd anns a' gheàrr-ùine agus an fhad-ùine
- ullaichte gus na prìomh-amasan sin a libhrigeadh
- a' coinneachadh ri feuman na coimhearsnachd agus a' sealltainn gu soilleir gu bheil gan coinneachadh
- ag obrachadh ann an dòigh a tha a' stiùireadh leasachadh leantainneach anns gach gnìomh.


'S e an dùbhlán do riaghaltas ionadail a bhith a' lorg dhòighean ùra air obrachadh thar sheirbheisean agus còmhla ri buidhnean eile gus na toraidhean as fheàrr a choileanadh do shaoranaich agus luchd-cleachdaidh sheirbheisean. B' iad prìomh amasan an sgrùdaidh seo:

- measadh air an ìre gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' coinneachadh ri a dleastanasan fo Achd Riaghaltas Ionadail an Alba 2003 agus
- tighinn gu aonta leis a' chomhairle mu leasachaidhean dealbhte. Bidh iad sin air an ath-bhreithneachadh le neach-sgrùdaidh ionadail na comhairle bhon taobh a-muigh thar nan trì bliadhna ri teachd.

Le Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd a' gabhail a-steach gach obair a bhuineas do chomhairle cha bhiodh e prataigeach sgrùdadh domhain a dhèanamh air a h-uile nì, agus mar sin bidh sinn a' dealbh ar n-obair mionaideach ann an dà dhòigh:

- Far am bi e comasach, bidh sinn a' dèanamh feum de thoradh mhodhan sgrùdaidh eile, mar obair luchd-sgrùdaidh chunntasan agus eile a bhios comhairle a' cleachdadh bhon taobh a-muigh. Tha iad sin air an gabhail a-steach san aithisg againn.
- Bidh sinn a' taghadh pàirtean de choileanadh na comhairle airson sgrùdadh chunntasan mionaideach. Tha fiosrachadh airson an taghaidh seo air a thoirt à iomadh àite, a' gabhail a-steach measadh na comhairle fhèin air a coileanadh, aithisgean sgrùdaidhean cunntais agus eile bhon taobh a-muigh agus Comharran Coileanaidh Reachdail nàiseanta.

Tha an dòigh roghnach seo follaiseach san aithisg, le aithris mhionaideach air cuid de roinnean agus beagan air feadhainn eile. Ged a tha sinn air beagan coimeis a dhèanamh ri comhairlean eile, chuir ar dòigh-obrachaidh iomlan cudrom air gluasadan coileanaidh agus leasachadh taobh a-staigh Comhairle na



Gàidhealtachd. Tha an aithisg a' comharrachadh cuideachd an dealbh a bha againn aig an àm a chaidh ar prìomh obair sgrùdaidh a dhèanamh ann an Lùnastal agus Sultain 2005.


Chuir sinn fìor mheas air a' cho-obrachadh, a' chuideachadh agus an aoigheachd a fhuair an Sgioba Sgrùdaidh bhon Chomhairliche Alison Magee, Neach-gairm na Comhairle; Arthur McCourt, Ceannard; Carron McDiarmid, Stiùiriche Poileasaidh agus Coileanadh agus bho gach ball taghte agus neach-obrach eile a bha an sàs ann. Tha sinn a' cur meas cuideachd air riochdairean bhuidhnean coimhearsnachd agus com-pàirtichean na comhairle bhon taobh a-muigh a bha deònach pàirt a ghabhail san sgrùdadh.




Toradh a' Choimisein

1. Tha an Coimisean a' gabhail ris an aithisg seo air coileanadh dleastanasan reachdail Chomhairle na Gàidhealtachd gus Feabhas Luach a dhèanamh cinnteach agus tòiseachadh agus cuideachadh leis a' phròiseas Dealbhadh Coimhearsnachd. Tha an Coimisean a' tuigsinn gu bheil an aithisg a' toirt dealbh farsaing air coileanadh na Comhairle stèidhichte air obair Sgrùdadh Alba agus co-dhùnaidhean bhuidhnean eile mar Luchd-sgrùdaidh agus nach e oidhirp a th' ann air sgrùdadh coileanta air a h-uile libhrigeadh seirbheis. Tha sinn a' toirt buidheachas airson a' cho-obrachaidh agus a' chuideachaidh bho bhuill agus oifigearan na Comhairle sa mhodh sgrùdaidh.
2. Sheall a' Chomhairle grunn neartan cudromach:
 - Com-pàirteachadh coimhearsnachd làidir
 - Co-obrachadh stèidhichte leis an roinn shaor-thoileach, a' Bhòrd Slàinte agus com-pàirtichean eile
 - Riarachadh a' phobaill le libhrigeadh seirbheis a' meudachadh
 - A dh'aindeoin cosgais àrd libhrigeadh seirbheis, tha cìs comhairle Bann D nas ìsle na a' chuibheasachd an Alba.
3. Dhèilig a' Chomhairle ri libhrigeadh seirbheisean poblach ann an roinn a tha a' gabhail a-steach a' mheall-fearainn as motha de dh'ùghdarrasan ionadail na h-Alba le bhith a' gluasad bhon mheadhan gu ochd de na roinnean ùghdarras ionadail a bha ann roimhe le crìochan co-ionann ri na comhairlean sgìre a bh' ann roimhe. Tha seo a' cur cudrom air fuasglaidhean ionadail air duilgheadasan ionadail a bhios gu tric a' toirt ullachadh iomchaidh agus èifeachdach don luchd-còmhnaidh. Ach feumaidh a' Chomhairle barrachd a dhèanamh gus am bi cunbhalachd corporra aig na caochladh structairean sin a thathar air gluasad bhon mheadhan.

'S e seo aon de na h-adhbharan airson am feum a' Chomhairle ceannardas ro-innleachdail nas làidire bho bhuill thaghte. Tha feum cuideachd air rianachd corporra ro-innleachdail anns an àrd-sgioba stiùiridh a bhios na chuideachadh don Cheannard.
4. Tha roinnean obair corporra ann far am feum a' Chomhairle leasachaidhean a dhèanamh ma tha i a' dol a libhrigeadh Feabhas Luach:
 - In-sgrùdadh: tha e riatanach gum faigh buill na Comhairle fiosrachadh air coileanadh nas fheàrr gus am bi e comasach dhaibh làn fheum a dhèanamh den dleastanas sgrùdaidh chudromach aca



- Coileanadh corporra: gus coinneachadh ris an iomadh dùbhlán ann an leasachadh iomchaidh air comas luchd-obrach feumaidh a' Chomhairle ro-innleachd dealbhaidh corporra do luchd-obrach a chur air dòigh
 - Rianachd so-mhaoin: feumaidh a' Chomhairle Plana Rianachd So-mhaoin corporra iomlan a dhealbh gus am bi e comasach a prògram calpa a libhrigeadh
 - Rianachd agus smachd air cunnart: feumaidh a' Chomhairle barrachd a dhèanamh gus ullachadh airson rianachd cunnairt corporra a leasachadh. Gu sònraichte bu chòir dhi clàr cunnairt corporra a shuidheachadh
 - Farpaiseachd: bu chòir don Chomhairle beachdachadh air cuid de na seirbheisean a tha a Buidhnean Malairt Cudromach a' libhrigeadh a chur a-mach gu tairgse. Bu chòir dhi cuideachd barrachd feum a dhèanamh de na measaidhean air roghainnean agus de riaghailtean-measaidh.
5. Ged a rinn a' Chomhairle co-dhùnidhean doirbh ionmhasail agus ro-innleachdail feumaidh i togail air a deagh rianachd ionmhasail coitcheann le àireamh nas lugha de phrìomh-amasan a shuidheachadh, a bhios air am mìneachadh gu soilleir aig ìre seirbheis agus roinne. Feumaidh a' Chomhairle na cothroman air èifeachdas a mheudachadh cuideachd gus aghaidh a chur air a' chudrom mhòr a tha iarrtasan làithreach a' cur air a stòrasan.
6. Tha aithne aig a' Choimisean gu bheil a' Chomhairle a' gabhail ris an fheum air leasachadh, gu sònraichte ann a bhith a' cur aghaidh air an structair làithreach aice a tha air gluasad bhon mheadhan agus tha an Coimisean a' sùileachadh Plana Leasachaidh bhon Chomhairle anns am bi targaidean agus amasan sònraichte.



Co-dhùnaidhean iomlan

Tha sgèile agus cumadh-tìre roinn na Gàidhealtachd fìor dhùbhlanaich ann an libhrigeadh comasach air seirbheisean na comhairle. Tha an structair a tha ann airson libhrigeadh seirbheis ionadail a' gabhail a-steach nàdar measgaichte na roinne, ach chan eil e a' togail air a h-uile cothrom airson coinneachadh gu freagarrach agus gu h-èifeachdach ri seirbheis.

Tha dualchas làidir de cho-obrachadh coimhearsnachd ann an roinn na Gàidhealtachd. Tha buill thaghte a' toirt stiùireadh ionadail làidir agus deònach pàirt a ghabhail ann an deasbad anns gach roinn den chomhairle. Ach, faodaidh làmh an uachdair a bhith aig cùisean ionadail, a' leantainn gu cus phrìomh-amasan a bhios doirbh don chomhairle an cumail suas.


San fharsaingeachd tha seirbheisean na comhairle air an deagh rianachd agus tha mòran leasachaidhean coileanadh air a bhith ann an iomadh pàirt den chomhairle thar na bliadhna a chaidh seachad. Ma tha tuilleadh leasachaidh gu bhith air a chur ann an coileanadh na comhairle feumar oidhirpean seasmhach bhon h-uile ball taghte agus àrd-neach-stiùiridh agus dòigh-obrachaidh nas corporra airson leasachadh ro-innleachdail.

- Tha sgèile agus cumadh-tìre roinn Chomhairle na Gàidhealtachd a' toirt iomadh dùbhlanaich do libhrigeadh comasach air seirbheisean poblach, ach tha cothroman air leth an cois dualchas agus àrainneachd nàdair na sgìre. Ged a tha an àireamh-sluaigh a' dol suas, tha an sgìre a' fulang le gainnead sgìlean ann am prìomh cheàirdean agus dhreuchdan agus tha a' chomhairle a' lorg dòighean air ceumnaichean a ghleidheadh agus air dèanamh cinnteach gum bi eaconamaidh sheasmhach agus in-obrachaidh aig a coimhearsnachdan dùthchail agus bailteil.
- Gus a' chomhairle a chuideachadh ag ullachadh seirbheisean ionadail iomchaidh thar sgìre cho mòr, tha i air ullachadh libhrigeadh seirbheis a ghluasad bho mheadhan a tha a' gabhail a-steach ochd roinnean eadar-dhealaichte stèidhichte air crìochan nan ochd comhairlean a bha ann an roinn na Gàidhealtachd roimhe.
- Tha buill thaghte a' toirt stiùireadh coimhearsnachd làidir le taic bho oifigearan ionadail dealasach, ach tha na siostaman rianachd meatraigs doirbh an ruigsinn agus an obrachadh. Chruthaich na structairean air an gluasad bhon mheadhan àrainneachd a tha a' cur cudrom air prìomh-amasan ionadail. Lean seo gu call a' chudruim a bha air prìomh-amasan corporra na comhairle agus uimhir de phrìomh-amasan aig a' chomhairle 's gum bi e doirbh cumail a' coinneachadh gu h-èifeachdach riutha.
- Tha fios aig a' chomhairle nach gabh structairean agus ullachadh roinnean, mar a tha iad, a bhith air an cumail suas anns an fhad-ùine, agus tha i an-dràsta ag ath-bhreithneachadh a h-ullachaidh airson rianachd phoileataigeach a rèir roinne.
- Tha a' chomhairle air dealas làidir a nochdadh airson iomairt, agus tha riochdachadh na Gàidhealtachd na phrìomh-amas ann am Plana Corporra na comhairle. Tha i air soirbheachadh ann



fhathast a bhith a' leasachadh a h-ullachaidh airson dearbhadh farpaiseachd agus cur an gnìomh measadh roghainnean ann an dòigh nas fharsainge agus nas cunbhalaiche. Tha beàrn ann an ullachadh na comhairle cuideachd, mar eisimpleir bruidhinn mu ro-innleachdan corporra airson dealbhadh luchd-obrach agus rianachd maoinne agus san fharsaingeachd tha feum cuideachd air misneachd luchd-obrach a thogail. Feumar barrachd aire a thoirt do cho-ionannachd chothroman cuideachd.

12. Tha buill agus luchd-obrach na comhairle a' sealltainn dealas làidir do na daoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus tha beachdan luchd-cleachdaidh cudromach don chomhairle. Ach, tha comas air barrachd feum a dhèanamh de bheachd a' phobail sna modhan ro-innleachdail. Ged a tha ion-obrachadh nan coimhearsnachdan as iomallaiche aig cridhe mòran de dh'obair na comhairle, tha fios aice gum feum i barrachd oidhirpean a dhèanamh an co-cheangal ri leasachadh seasmhach san fharsaingeachd.
13. Feumaidh libhrigeadh na h-ìre leasachaidh a tha aig a' chomhairle ri dhèanamh fìor dhealas bho bhuill taghte agus an sgioba àrd-luchd-stiùiridh. Tha e riatanach gun gabh a h-uile ball taghte agus àrd-neach-stiùiridh uallach corporra airson leasachadh air coileanadh na comhairle.



Dè dh'fheumar a leasachadh?

Thug a' chomhairle gealltanais làidir a bhith a' leasachadh a seirbheisean, agus tha dearbhadh gu bheil toradh ri faicinn bho na h-oidhirpean a rinneadh thar nan 12 mìos a chaidh seachad. Tha cultar leasachaidh a' tòiseachadh a' tighinn am follais agus nì barrachd buaidh bhon roinn chorporra cinnteach gun sgaoil seo a-steach do sheirbheisean na comhairle nach do ràinig an làn chomas fhathast. Feumaidh libhrigeadh na h-ìre leasachaidh a tha aig a' chomhairle ri dhèanamh fhathast aire leantainneach bho bhuill thaghte agus an sgioba àrd-luchd-stiùiridh.

Cur air dòigh cultar leasachaidh

14. Tha leasachadh leantainneach ann an seirbheisean poblach agus riaghladh ionadail aig cridhe frèam-obrach poileasaidh Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd. Feumaidh cultar leasachaidh a bhith aig ùghdarrasan ionadail thar gach roinn seirbheis. Feumaidh buill thaghte agus oifigearan aire a thoirt do phrìomh amasan poileasaidh agus feuman luchd-cleachdaidh seirbheis agus coimhearsnachdan, agus a bhith air a stiùireadh le iarrtas a bhith a' coileanadh nan ìrean as àirde a ghabhas ann an libhrigeadh seirbheis. Iarraidh seo cultar far a bheilear a' comharrachadh agus a' beachdachadh air roinnean a dh'fheumar leasachadh agus anns a bheil deasbad cuideachail air coileanadh seirbheis.
15. Shònraich fèin-mheasadh Comhairle na Gàidhealtachd iomadh prìomh-amas leasachadh corporra agus seirbheis, agus thug e don chomhairle grunn iomairtean leasachaidh aig àrd-ìre eadar seo agus 2006, a' sùileachadh sreath mhodhan nas fheàrr a bhith stèidhichte ro ullachadh rianachd ùr ann an 2007. Thug a' chomhairle gealltanais làidir gum biodh i a' leasachadh a coileanadh aig ìrean corporra agus seirbheis.
16. Tha ìre de chunbhalachd anns na roinnean a tha a' chomhairle a' comharrachadh airson leasachadh, agus an fheadhainn a chomharraich an sgrùdadh againn, a' gabhail a-steach: ceangal nas fheàrr eadar buidseatadh agus dealbhadh seirbheis; dealbhadh rianachd maoine nas fheàrr; agus aithisgean nas fheàrr air coileanadh poblach. Chomharraich sinn cuspairean cudromach eile a tha sinn a' faicinn mar ghrad phrìomh-amasan, mar: ath-bhreithneachadh a structairean poileataigeach agus riaghlaidh; soilleireachadh a prìomh-amasan agus prìomh chudruim; toirt taic do dhleastanas ro-innleachdail bhall thaghte; agus leasachadh corporra air an luchd-obrach.

Ged a chùim a' chomhairle suas a h-ìre coileanaidh iomlan sna bliadhnan a chaidh seachad, tha leasachaidhean mòra rim faicinn ann an cuid de roinnean eadar 2003/04 agus 2004/05. Tha sinn den bheachd gu bheil seo mar thoradh air co-dhùnadh na comhairle barrachd aire a chur thar na bliadhna a chaidh seachad air roinnean seirbheis nach robh a' coileanadh cho math. Tha e cudromach gun tog




an iomairtean ged a dh'fheumas i dèanamh cinnteach gum bi co-chothrom eadar na tha i a' cur an seilbh ann an obair iomairt agus cumail suas a h-aire air a prìomh-amasan a thaobh libhrigeadh seirbheis.

6. Tha àite follaiseach aig a' cheannard taobh a-staigh na comhairle agus b' e a stiùir grunn de na prìomh iomairtean aice. Rinn Sgioba Àrd-luchd-stiùiridh na comhairle deagh stiùireadh air an seirbheisean fa leth, ach dh'fhaodadh barrachd uallach corporra a thoirt do gach ball den sgioba.
7. Tha dealbhadh coimhearsnachd stèidhichte aig ìrean ro-innleachdail agus roinne, ach ann an rianachd chan eil e amalaichte cho math aig ìre meadhain no cho soilleir ann an coimhearsnachdan ionadail. Tha dualchas làidir agus èifeachdach de cho-obrachadh coimhearsnachd thar na Gàidhealtachd agus iomairtean co-obrachaidh stèidhichte and èifeachdach, mar na seirbheisean cloinne amalaichte aig a' chomhairle. Feumaidh a' chomhairle a-nis togail air na deagh roinnean sin den obair aice gus èifeachdas an ullachadh dealbhadh coimhearsnachd aice a leasachadh.
8. Tha bun-structair stèidhichte aig a' chomhairle gus taic a thoirt do dhealbhadh corporra agus seirbheis, ach dh'fhaodadh barrachd buaidh a bhith aige le barrachd prìomhachas air stòrasan tro bhuidseatadh air a stiùireadh le poileasaidh. Tha seo buileach cudromach leis a' chomhairle a' ro-mheasadh gum faodadh beàrn de £20 millean a bhith sa bhuidseat teachd-a-steach aice agus sàbhalaichean bho èifeachdas airson 2006/07 agus gum feumar co-dhùnaidhean doirbh a dhèanamh mu a prìomh-amasan. San fharsaingeachd, tha rianachd ionmhasail fallain, ach feumar dòigh-obrachaidh nas ro-innleachdail gus dealbh nas fheàrr a thoirt air feum agus prìomh-amasan ionadail. 'S e tuilleadh adhartachaidh air ro-innleachd ionmhasail teirm meadhain na comhairle agus na thèid ionnsachadh bhon Buidseatadh Coimhearsnachd dearbhaidh a stiùireas am modh-obrachaidh fo leasachadh seo. Tha bun-structair ICT na comhairle làidir cuideachd, ach tha cur an gnìomh Digital Highland air a bhith slaodach.
9. San fharsaingeachd tha seirbheisean comhairle air an deagh rianachd, agus uile gu lèir, sheall coileanadh na comhairle comharraidhean air leasachadh air a' bhliadhna a chaidh seachad an dèidh beagan lùghdachaidh. Thug a' chomhairle a-steach meadhanan gus taic a thoirt do leasachadh leantainneach, a tha ag amas air barrachd cudruim a chur air leasachadh coileanaidh. Ach, tha mòran dhiubh sin an ìre mhath ùr agus feumaidh iad tuilleadh leasachaidh, ged a tha coileanadh nas fheàrr na bliadhna seo a' comharrachadh beagan buaidh thràth.
10. Tha rianachd coileanaidh a' tighinn air adhart agus tha seo a' toirt cothrom don chomhairle air cudrom seasmhach nas òrdaile a chur air leasachadh. Tha e riatanach gum faigh buill fiosrachadh air coileanadh nas fheàrr gus an fheum as fheàrr a dhèanamh den dleastanas sgrùdaidh aca.
11. Tha a' chomhairle a' cur an seilbh ann am prìomh roinnean eile mar leasachadh air ullachadh rianachd chunnartan agus solair agus tha iad sin a' tighinn air adhart. Ach, tha cothroman ann



a' chomhairle air an dòigh-obrach seo mar dhòigh air tuilleadh phrionnsabalan leasachadh leantainneach a stèidheachadh anns a h-uile seirbheis.

17. Tha cultar leasachadh leantainneach a' tòiseachadh a' tighinn am follais, air a shealltainn le dealbhadh seirbheis agus iomairtean roinne. Tha beagan deuchainn-luathais air a chleachdadh air an taobh a-muigh cuideachd, ach tha comas ann an dòigh-obrach seo a leudachadh mòran nas motha. Tha an sgioba coileanadh corporra a chaidh a stèidheachadh o chionn ghoirid a' sealltainn rùn na comhairle air prìomh neart agus stiùireadh a thoirt don chlàr-gnothaich seo anns gach roinn den chomhairle.
18. Gun teagamh tha an suidheachadh anns a bheil a' chomhairle a' libhrigeadh a seirbheisean, gu h-àraidh sna roinnean buileach iomallach, dùbhlanaich. Ach, tha e cudromach gum bi e comasach don chomhairle sealltainn gu soilleir don phoball carson a tha cuid de na seirbheisean aice nas daoire, dè na ceuman a ghabh i gus seirbheisean a dhèanamh nas èifeachdaiche agus carson a tha i air aon seòrsa libhrigeadh seirbheis a thaghadh seach seòrsa eile. Cuidichidh seo a' dèanamh cinnteach gum bi earbsa aig a' phoball ann an co-dhùnaidhean na comhairle. A dh'aindeoin cosgais àrd libhrigeadh seirbheis ann am pàirtean de sgìre na comhairle, bha a' chis comhairle Bann D nas ìsle na a' chuibheasachd nàiseanta ann an 2005/06.
19. Tha an clàr-gnothaich leasachaidh a leanas a' comharrachadh prìomh-amasan sa ghrad-ùine agus ùine mheadhan. Tha iad sin ag amas air togail air a' ghluasad a th' ann a-cheana. Tha sinn den bheachd gu bheil comas aig a' chomhairle a bhith a' dèanamh an atharrachaidh a dh'fheumas i. Bidh an clàr-gnothaich seo na bhunait airson obair agus sgrùdadh a nì neach-sgrùdaidh na comhairle bhon taobh a-muigh thar nan trì bliadhna ri teachd.



Clàr leasachaidh do Chomhairle na Gàidhealtachd

Prìomh-amas Grad-ùine

- Ath-bhreithneachadh nan structairean poileataigeach agus riaghlaidh le sùil ri cumail nan nithean as fheàrr san ullachadh ionadail a th' ann agus dèiligeadh ri caochladh, neo-èifeachdas agus dùblachadh.
- Cur ri chèile seata prìomh-amasan le barrachd cudruim air an amas fhad-ùine a chuir a' chomhairle an cèill.
- Cumail a' leasachadh frèam seirbheis nas amalaichte agus dealbhadh ionmhasail stèidhichte air prìomh-amasan.
- Taic agus leasachadh air obair stiùiridh ro-innleachdail bhall thaghte.
- Barrachd cudruim air leasachadh leantainneach tro chunntasan air coileanadh agus sgrùdadh nas fheàrr.
- Toirt a-steach ro-innleachd chorporra airson dealbhan rianachd so-mhaoin.
- Leudachadh dealbhadh luchd-obrach gus taic a thoirt do leasachadh a' chomais air coinneachadh ri iarrtas seirbheis san àm ri teachd.
- Cumail a' cur cudrom air na roinnean coileanadh seirbheis as truaighe gus builean nas fheàrr a libhrigeadh.
- Cumail suas a' chudruim air co-ionannachd chothroman, seasmhachd agus cùram luchd-cleachdaidh, togail air na thathar air a choileanadh gu ruige seo.

Prìomh-amas Meadhan-ùine

- Tuilleadh leasachaidh air Cunntas Coileanadh Poblach gus dèanamh cinnteach gun toir e cunntas cothromach air coileanadh na comhairle, air aithris ann an diofar chruthan so-ruigsinn.
- Fiosrachadh air coileanadh ionadail brioghmhor a chur ri chèile.
- Togail air na frèamaichean làidir co-obrachaidh agus dealbhadh coimhearsnachd a th' ann gus a bhith a' dealbh obair nas èifeachdaiche a ghabhas tomhas, le cudrom air dealbh builean.
- Leasachadh aire na comhairle air libhrigeadh sheirbheisean is urrainn sealltainn luach an airgid an dàimh ri roinn na Gàidhealtachd le bhith a' cur aghaidh air farpaiseachd sheirbheisean agus obraichean malairt.

Comhairle na Gàidhealtachd

Sgrùdadh Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd



If you require this publication in an alternative format and/or language, please contact us to discuss your needs. It is also available on our website: www.audit-scotland.gov.uk

Audit Scotland
110 George Street
Edinburgh EH2 4LH

Telephone
0131 477 1234
Fax
0131 477 4567

www.audit-scotland.gov.uk

ISBN 1 905634 17 X